2 An t-Ògmhios 2026

A phàraint/neach-cùraim chòir

Anns a' Ghearran 2026, thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait. Rè ar turas, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Lorg an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad seo a' buntainn thar Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla ach nuair a tha rud eile air a sgrìobhadh.

- Tha clann fileanta, misneachail agus dealasach mun ionnsachadh. Tha iad glè thoilichte a bhith nan luchd-ionnsachaidh aig Bun-sgoil Chonbobhrait, far a bheil iad modhail agus cùramach ri an co-aoisean agus inbhich.

- Bidh an ceannard agus an luchd-obrach a' co-obrachadh gu math gus leasachaidhean brìoghmhor a thoirt gu buil airson na bun-sgoile. Tha an ceannard air cultar a leasachadh far a bheil luachan aig cridhe ionnsachadh agus soirbheasan na cloinne.

- Tha dàimhean aig luchd-obrach agus clann taobh a-staigh na sgòil-àraich blàth, altramach agus air leth taiceil. Bidh clann a' faighinn buannachd bho eadar-obrachadh deimhinneach an luchd-obrach, agus air sgàth sin bidh clann tèarainte agus misneachail nan cluich agus nan ionnsachadh.

- Tha luchd-obrach agus com-pàirtichean gu math dealasach a thaobh na Gàidhlig, rud a tha follaiseach bhon mhoit làidir a th' aig clann anns a' chànan agus anns a' chultar. Bidh clann a' freagairt gu deimhinneach ri cothroman a bhios a' doimhneachadh an sgilean agus an eòlais ann an cànan agus cultar na Gàidhlig.

- Tha sunnd chloinne air a neartachadh gu mòr le raon farsaing de chothroman agus eòlasan a tha air an tabhann air feadh na bun-sgoile. Bidh na gnìomhan seo, a tha air an deagh dhealbhadh, a' brosnachadh sunnd, misneachd, seasmhachd agus dàimhean deimhinneach chloinne. Tha clann a' faireachdainn luachmhor agus air an gabhail a-steach.

Chaidh na raointean a leanas airson leasachadh a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle Siorrachd Lannraig a Tuath. Tha iad seo a' buntainn thar Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla ach nuair a tha rud eile air a sgrìobhadh.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' leasachadh planadh airson ionnsachadh, cluich agus measadh. Bu chòir seo dèanamh cinnteach gu bheil

© Còir lethbhreac a' Chrùin

dòighean-obrach ann a tha co-thaobhaichte gu cunbhalach ri stiùireadh nàiseanta agus a bheir taic do dh'ionnsachadh is leasachadh àrd-inbhe airson a h-uile pàiste.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' neartachadh dhòighean-obrach airson leasachaidh gus am bi iad co-thaobhaichte ris a' cho-theacsa aca agus ri stiùireadh nàiseanta. Bu chòir seo a bhith a' toirt a-steach fòcas nas soilleire agus nas seasmhaiche air leasachadh na Gàidhlig agus àrdachadh nan àireamhan a tha a' taghadh Foghlam Meadhan Gàidhlig.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach ionnsachadh agus adhartas chloinne a phlanadh anns a h-uile raon den churraicealam. Bu chòir seo dèiligeadh ri beàrnan, leithid planadh airson a h-uile cuspair, a' brosnachadh co-ionannachd agus iomadachd agus a' leasachadh bhuilean ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' togail buileachadh a h-uile pàiste thar ionnsachadh, a' gabhail a-steach beairteas agus cruinneas fileantachd a h-uile pàiste sa Ghàidhlig.

© Còir lethbhreac a' Chrùin

Chruinnich sinn fianais gus leigeil leinn obair na sgoile a mheasadh le bhith a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh ghnè bho Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagran). Bidh slatan-tomhais deagh ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a dhèanamh air na tha ag obair gu math agus far a bheil leasachadh a dhìth. Às dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh mu na measaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Seo na measaidhean aig HMIE airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait.

Slatan-tomhais deagh ghnè airson na bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	**math**
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	**math**
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	**math**
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	**math**
Tha mìneachaidhean air na measaidhean rim faighinn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagran) Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Chruinnich sinn fianais gus obair an ELC a mheasadh le bhith a' cleachdadh trì comharran càileachd bhon Fhrèam-obrach leasachaidh càileachd airson roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne.

Slatan-tomhais deagh ghnè airson na sgoil-àraich	Luachadh
An Curraicealam	**math**
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	**math**
Sunnd, in-ghabhaltas agus co-ionannachd	**math**

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche leis an ainm Geàrr-chunntas air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn HMIE aig: Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chondobhrait | Aithisg Sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an Alba

© Còir lethbhreac a' Chrùin

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil cumail oirre a' leasachadh agus mar sin cha tadhail sinn orra a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Cuiridh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithris a dhèanamh air càileachd nan sgoiltean aice.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba

© Còir lethbhreac a' Chrùin